



National  
Qualifications  
2017

**X731/77/11**

**Gaelic (Learners)  
Reading and Translation**

THURSDAY 18 MAY  
09:00 AM – 10:30 AM

**Total marks — 50**

**SECTION 1 — READING — 30 marks**

Attempt ALL questions.

Write your answers clearly, in **English**, in the answer booklet provided. In the answer booklet you must clearly identify the question number you are attempting.

**SECTION 2 — TRANSLATION — 20 marks**

Attempt to translate the whole extract.

Write your translation clearly, in **English**, in the answer booklet provided. In the answer booklet, you must clearly identify the section number you are attempting.

**You may use a Gaelic dictionary.**

Use **blue** or **black** ink.

Before leaving the examination room you must give your answer booklet to the Invigilator; if you do not, you may lose all the marks for this paper.



\* X 7 3 1 7 7 1 1 \*

SECTION 1 — READING — 30 marks

Attempt ALL questions

Read the whole article carefully and then answer, in English, ALL the questions that follow.

This article is about the legacy of the Glasgow Commonwealth Games in 2014.

Dè an dìleab a dh'fhàg Geamachan a' Cho-fhlaitheis 2014?

'S e ceist a tha seo a thathas daonnan a' faighneachd às dèidh farpais mhòr spòrs sam bith. Aon uair 's gu bheil na rionnagan mòra agus na meadhanan air falbh, dè an dìleab a tha iad a' fàgail às an dèidh? Chunnaic sinn seo a' tachairt le Geamachan Oilimpigeach Lunnainn ann an 2012 far an deach còrr is naoi billean not a chosg, no trì cheud gu leth not airson gach dachaigh anns an  
5 Rioghachd Aonaichte. Bha mòran leithid an iris "An Economist" dhen bheachd gun robh a' phrìs sin ro dhaor.

Chaidh còrr is seachd billean not a chosg air Geamachan Oilimpigeach 2004 sa Ghrèig agus tha cuid den bheachd gur e seo pàirt dhen adhbhar gu bheil an dùthaich ann an staing a thaobh ionmhais. Tha mòran de na 36 pàircean-spòrs ùra a chaidh a thogail airson nan Geamachan a-nis  
10 nan laighe falamh.

An tachradh an aon rud le Geamachan a' Cho-fhlaitheis 2014? Bha e na bhuannachd airson Glaschu gun robh mòran de na pàircean-spòrs aca mar-thà agus mar sin, cha robh feum air mòran ghoireasan ùra a thogail. Bha cosgaisean ann airson àiteachan mar Hampden agus Pàirc Celtic ùrachadh. Bha seo a' ciallachadh barrachd obraichean agus airgead airson eaconamaidh  
15 Ghlaschu. Chruthaich an obair sia mìle cosnadh agus chuir e caogad 's a dhà millean not ri eaconamaidh a' bhaile.

Chaidh a' chuid as motha dhen obair sin a dhèanamh air taobh an ear a' bhaile. Cha robh e furasta oir dh'fheumadh taighean agus bùithtean an leagail. Cha do chòrd seo ri na daoine. Ach ann an àiteachan eile leithid Dail Mheàrnaig, fhuair iadsan stèisean rèile ùr, rathaidean ùra agus ionad-coimhearsnachd ùr luach còig millean not. Chaidh leasachadh mòr a dhèanamh air an amar-snàmh cuideachd agus chaidh ionad-hocaidh ùr a thogail ann am meadhan a' bhaile.  
20

Chaidh Bhelodrom An Ridire Crìsdean Hoy a thogail ri taobh Abhainn Chluaidh. Bha aig luchd-spòrs bhaidhsagal a dhol sìos a Shasainn airson trèanadh roimhe seo, ach a-nis, tha goireas aca ann an Alba. Faodaidh iad a chleachdadh airson spòrsan eile cuideachd leithid badmanton agus lùth-chleasan. 'S e an aon ghearain a th' ann gu bheil e ro chosgail airson muinntir na sgìre a' Bhelodrom a chleachdadh ann an sgìre far a bheil bochdainn agus dìth obrach. Bu chòir do na goireasan ùra seo slàinte agus dòigh-beatha muinntir an àite a dhèanamh nas fheàrr.  
25

Tha buannachdan eile air a bhith an cois nan Geamachan. Chaidh baile sònraichte a thogail airson nan lùth-chleasaichean. Nuair a bha na Geamachan seachad, chaidh na togalaichean sin a dhèanamh nan taighean-còmhnaidh. Chaidh seachd ceud taigh ùr a thogail agus ghluais na teaghlaichean a-steach annta tràth ann an 2015. Cuideachd, chaidh feum a dhèanamh dhen àirneis a bh' ann am baile nan lùth-chleasaichean. Bha còrr is seasgad mìle pìos àirneis ann agus chaidh an toirt do theaghlaichean air feadh Alba aig an robh feum orra. Ach tha e duilich luach a chur air cuid de rudan. Bha mu bhillean gu leth neach a' coimhead nan Geamachan air an telebhisean. Dè an luach a ghabhas a chur air an sin a thaobh sanasachd? Chan ann a-mhàin airson Glaschu ach airson Alba gu lèir!  
30  
35

'S e a' bhuannachd as motha, 's dòcha, an rud nach fhaic sinn chun an ath ghinealach. Ghabh an nighean a b' òige riamh pàirt anns na Geamachan airson Alba aig aois trì bliadhna deug. Nochd rionnagan ùra Albannach aig na Geamachan ann an iomadh spòrs mar ruith, snàmh agus bogsadh. Bidh an òigridh a' feuchainn ri leantainn ann an ceumannan nan rionnagan ùra sin. Tha barrachd òigridh a-nis a' cluich spòrs. Bhuannaich sgioba na h-Alba an àireamh as motha riamh de dhuiscean ann an Glaschu — caogad 's a trì uile gu lèir. Fhuair iad naoi-deug bonn òir, còig-deug bonn airgid agus naoi-deug bonn umha.

Tha sinn an dòchas gum faic sinn òigridh a' togail bhonn aig Geamachan a' Cho-fhlaitheis agus Oilimpigeach anns na bliadhnaichean ri thighinn. 'S dòcha gur e an dìleab as luachmhoire bho Gheamachan a' Cho-fhlaitheis 2014 gum bi slàinte agus misneachd nas fheàrr againn uile.

MARKS

### Questions

Re-read lines 1–16.

1. The writer discusses the economic impact of sporting events.
  - (a) According to the writer, what question is always asked following a major sporting event? 1
  - (b) What effects did the 2004 Olympic Games have on Greece? 3
  - (c) The writer mentions the specific advantages of hosting the 2014 Commonwealth Games in Glasgow. State any **three** advantages. 3

Re-read lines 17–27.

2. The writer mentions the new facilities built for the Commonwealth Games.
  - (a) In what ways did the East End of Glasgow benefit? 3
  - (b) What difference has the new Velodrome made to Scotland? State **two** things. 2
  - (c) According to the writer, the Velodrome is too expensive for local people to make use of. State the **two** reasons for this. 2
  - (d) What should the Commonwealth Games facilities help to improve? 2

Re-read lines 37–46.

3. The writer goes on to discuss the Games legacy.
  - (a) When might the benefits become evident? 1
  - (b) The writer mentions a thirteen year old girl who participated in the Games. What was significant about her? 1
  - (c) State any **three** positive outcomes of the Games. 3
  - (d) What does the writer hope to see in the future? 1

## Questions (continued)

4. The writer concludes the article with an aspirational statement. What does he say might be the greatest legacy of the Games? 1
5. Now consider the article as a whole. What is the writer's overall purpose in writing about this subject? Justify your response with close reference to the points made and the language used. 7

## SECTION 2 — TRANSLATION — 20 marks

6. Translate the underlined section into English: (lines 28–36)  
“Tha buannachdan eile air . . . airson Alba gu lèir!”

[END OF QUESTION PAPER]

[OPEN OUT]

DO NOT WRITE ON THIS PAGE

**[BLANK PAGE]**

**DO NOT WRITE ON THIS PAGE**



National  
Qualifications  
2017

**X731/77/12**

**Gaelic (Learners)  
Listening and Discursive Writing**

THURSDAY 18 MAY  
10:50 AM – 12:10 PM

**Total marks — 70**

**SECTION 1 — LISTENING — 30 marks**

Attempt ALL questions.

You will hear two items in **Gaelic**. Before you hear each item, you will have one minute to study the questions. You will hear each item twice, with an interval of one minute between playings. You will then have time to answer the questions before hearing the next item. Write your answers clearly, in English, in the answer booklet provided. In the answer booklet you must clearly identify which question you are attempting.

**SECTION 2 — DISCURSIVE WRITING — 40 marks**

Attempt ONE question.

Write your answer clearly, in **Gaelic**, in the answer booklet provided. In the answer booklet you must clearly identify which statement number you are attempting.

**You may use a Gaelic dictionary.**

Use **blue** or **black** ink.

Before leaving the examination room you must give your answer booklet to the Invigilator; if you do not, you may lose all the marks for this paper.



\* X 7 3 1 7 7 1 2 \*

## SECTION 1 — LISTENING — 30 marks

Attempt ALL questions

## Item 1

You listen to a broadcast on the radio about holiday trends in Scotland. Answer, in **English**, the questions below.

- |  |   |
|--|---|
| (a) Why does the speaker look forward to holidays?                                       | 2 |
| (b) What has a government report highlighted about the importance of the tourism sector? | 1 |
| (c) In what way has the economic decline affected families?                              | 2 |
| (d) Holiday patterns are changing.   |   |
| (i) State <b>two</b> ways in which the typical Scottish holiday has changed.             | 2 |
| (ii) Why do city dwellers and islanders choose different destinations?                   | 2 |
| (e) What financial incentive is there for families to go on holiday in the winter?       | 1 |



## Item 2

Mary interviews Angus, a tourism officer, as part of her Travel and Tourism course. Answer, in **English**, the questions below.

- |  |   |
|--|---|
| (a) What information does Mary wish to find out?   | 1 |
| (b) Give any <b>three</b> reasons Angus highlights for Scotland's success in the tourist industry. | 3 |
| (c) What has Mary read in a report online?   | 1 |
| (d) According to Angus:  |   |
| (i) Where are many new tourists now coming from?   | 2 |
| (ii) Why are these new tourists choosing to visit Scotland?  | 1 |
| (e) The interview moves on to talking about the Western Isles.                                     |   |
| (i) What award has TripAdvisor recently made?  | 1 |
| (ii) State any <b>three</b> reasons why this award was made.                                       | 3 |
| (f) (i) What comment does Mary make about Scottish weather?  | 1 |
| (ii) State any <b>three</b> comparisons Angus makes between the Western Isles and Spain.           | 3 |
| (g) (i) What events have been effective in attracting tourists to Scotland?                        | 3 |
| (ii) What is Mary going to do now?   | 1 |

[Turn over

**SECTION 2 — DISCURSIVE WRITING — 40 marks**

Write an essay, in **Gaelic**, of about 250–300 words discussing **one** of the following statements.

**3. Society**

Tha thu fada ro òg aig aois sia bliadhna deug airson a bhith a' bhòtadh gu nàiseanta.

**4. Learning**

Bu chòir sgoilearan fuireach bliadhna an dèidh an sgoil fhàgail mus tèid iad dhan oilthigh airson sgilean beatha ionnsachadh.

**5. Employability**

Tha obair phàirt-ùine a' dèanamh cron air foghlam sgoilearan.

**6. Culture**

Chan eil breacan, Uilebheist Loch Nis agus uisge-beatha a' toirt dhuinn ìomhaigh cheart air cultar na h-Alba.

**[END OF QUESTION PAPER]**



National  
Qualifications  
2017

**X731/77/22**

**Gaelic (Learners)  
Listening Transcript**

THURSDAY 18 MAY  
10:50 AM – 12:10 PM

**This paper must not be seen by any candidate.**

The material overleaf is provided for use in an emergency only (eg the recording or equipment proving faulty) or where permission has been given in advance by SQA for the material to be read to candidates with additional support needs. The material must be read exactly as printed.



\* X 7 3 1 7 7 2 2 \*

**Instructions to reader(s):**

For each item, read the English **once**, then read the Gaelic **twice**, with an interval of 1 minute between the two readings. On completion of the second reading of Item Number One, pause for the length of time indicated in brackets after the item, to allow the candidates to write their answers.

Where special arrangements have been agreed in advance to allow the reading of the material, those sections marked **(f)** should be read by a female speaker and those marked **(m)** by a male; those sections marked **(t)** should be read by the teacher.

**(t) Item Number One**

You listen to a broadcast on the radio about holiday trends in Scotland.

**You now have one minute to study the questions for Item Number One.**

**(m/f)** Is toigh leis a h-uile duine a bhith a' dol air làithean-saora. Bidh mi fhìn a' coimhead air adhart ri na làithean-saora gach bliadhna. Bidh mi airson faighinn air falbh bho na rudan àbhaisteach agus àiteachan ùra fhaicinn. Tha an gnìomhachas seo air a bhith uabhasach cudromach do dh'eaconamaidh na h-Alba airson mòran bhliadhnaichean.

A rèir aithisg a dh'fhoillsich an Rìaghaltais, tha suas ri naoi às a' cheud de luchd-obrach na h-Alba ag obair ann an obraichean a tha an urra ri turasachd. Ach bho thòisich an crìonadh anns an eaconamaidh ann an 2008, chan eil mòran airgid air a bhith aig teaghlaichean airson a chosg air làithean-saora. Tha seo air buaidh a thoirt air an dòigh anns a bheil iad a' smaoinneachadh mu dheidhinn far a bheil iad a' dol agus dè cho fada 's a bhios iad air falbh.

Tha mòran a bharrachd de shluagh na dùthcha a' fuireach ann an Alba airson làithean-saora an àite a bhith a' dol a-null thairis. Bidh cuid de theaghlaichean a' dol air làithean-saora goirid. Bidh muinntir a' bhaile mhòir a' dol don dùthaich airson sìth agus fois fhaighinn bho fhuaim a' bhaile agus bidh na h-eileanaich a' dol do na bailtean mòra airson nam bùithtean, taighean-deilbh agus cur-seachadan eile nach eil aca faisg air làimh.

Bidh mòran cuideachd a' dol air làithean-saora anns a' gheamhradh. Tha taighean-òsta air feadh na h-Alba a' toirt seachad rumannan aig prìsean saora nuair nach eil iad trang agus tha seo na chuideachadh do dhaoine. Cha leig duine a leas a dhol fada bhon dachaigh airson làithean-saora a chòrdas riutha a lorg oir tha mòran ri fhaicinn agus ri dhèanamh ann an Alba.

*(3 minutes)*

**(t) Item Number Two**

Mary interviews Angus, a tourism officer, as part of her Travel and Tourism course.

**You now have one minute to study the questions for Item Number Two.**

- (f) Tapadh leibh airson a thighinn a bhruidhinn rium Aonghais. Tha mi airson fiosrachadh fhaighinn mu dheidhinn carson a tha turasachd cho làidir ann an Alba.
- (m) 'S e do bheatha, a Mhàiri. 'S e gnìomhachas soirbheachail a tha ann an turasachd do dh'eaconamaidh na h-Alba. Tha cliù làidir aig Alba air feadh an t-saoghail agus tha mòran aig Alba ri thairgsinn do luchd-turais. 'S e dùthaich gu math beag a th' ann an Alba agus faodaidh luchd-turais siubhal bho cheann a deas gu ceann a tuath na h-Alba ann an ùine ghoirid. Mar sin gheibh luchd-turais blasad air na bailtean mòra agus na h-eileanan.
- (f) Leugh mi aithisg air an eadar-lìon a bha ag ràdh gu bheil an àireamh de dhaoine a tha tighinn a dh' Alba air a dhol suas o chionn ghoirid.
- (m) Tha mòran a-nis a' tighinn a dh'Alba bho leithid Àisia agus dùthchannan an Ear. Tha caistealan eachdraidheil againn. Tha filmichean ùra leithid Brave air Alba a thoirt gu aire luchd-turais agus chaidh margaidheachd èifeachdach a dhèanamh airson an dùthaich a reic.
- (f) Tha dearbhadh againn gu bheil barrachd is barrachd a' tighinn do na h-Eileanan an Iar. Carson a tha seo?
- (m) Tha thu ceart, a Mhàiri! Nach do dh'ainmich TripAdvisor Leòdhas agus na Hearadh mar na h-eileanan as fheàrr anns an Roinn-Eòrpa? Tha rannsachadh a' sealltainn gu bheil iad a' tighinn do na h-eileanan airson iomadh adhbhar. Chaidh seallaidhean àlainn, tràighean glan brèagha, àitichean-fuirich snasail agus dòigh-beatha eadar-dhealaichte ainmeachadh mar cuid de na h-adhbharan.
- (f) Ach tha fios againn uile nach eil an aimsir againn cho math ann an Alba!
- (m) Tha sin fìor a Mhàiri, ach ged a tha an aimsir blàth as t-samhradh chan eil i cho teth ris an Spàinn, ach chan eil an teas a' còrdadh ris a h-uile duine. Tha aon rud cinnteach tha tràighean na Spàinne gu math nas trainge na na tràighean againne. Uaireannan, chan fhaigh thu air laighe air na tràighean sin leis cho trang 's a tha iad. 'S dòcha ma thèid thu do na h-Eileanan Siar gum faigh thu tràigh dhut fhèin!
- (f) Am bi sibh a' dèanamh sgeamaichean sònraichte airson luchd-turais a thàladh a dh'Alba?
- (m) Bidh sinn an-còmhnaidh a' feuchainn ri luchd-turais a thàladh a dh'Alba. Tha Fèis Dhùn Èideann a' gabhail àite gach bliadhna. Cuideachd nuair a tha tachartasan mòra spòrs againn ann an Alba bidh luchd-turais a' tighinn bho iomadh dùthaich. Thig àireamhan mòra bho air feadh an t-saoghail agus còrdaidh na tachartasan ris a h-uile duine. Bidh Co-fharpais Pìobaireachd Eadar-nàiseanta a' tachairt ann an Glaschu anns an Lùnastal agus bidh am baile trang le daoine. Tha sinn daonnan airson tuilleadh thachartasan mòra a thàladh a dh'Alba.

**[Turn over**

- (f) Tapadh leibh, Aonghais airson bruidhinn rium. Feumaidh mi fhìn làithean-saora a chur air dòigh ann an Alba a-nis!
- (m) 'S e do bheatha, a Mhàiri; chòrd e rium bruidhinn riut.
- (t) End of recording.

[END OF TRANSCRIPT]